

Brath Prìobhaideachd airson Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba

Cò tha annainn

Is e seo am brath prìobhaideachd aig Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba (an SPCB).

Mar a chleachdas sinn am fiosrachadh agad san fharsaingeachd

Tha am brath prìobhaideachd seo a' mìneachadh mar a thionail agus mar a chleachdas sinn fiosrachadh pearsanta mu do dheidhinn.

Anns an fharsaingeachd, tha sinn a' tionail agus a' cleachdadh fiosrachadh pearsanta gus gnìomhan Pàrlamaid na h-Alba agus gnìomhachdan co-cheangailte a choilionadh, mar na leanas:

- gnìomhachdan pàrlamaideach;
- foghlam agus ionnsachadh;
- seirbheisean laghail, a' gabhail a-steach comhairle don SPCB agus do Bhuill Pàrlamaid na h-Alba (BPA);
- ceadachadh agus clàradh, a' gabhail a-steach clàradh Com-pàirtean nam Ball;
- a' toirt taic agus rianachd do luchd-obrach;
- a' dèanamh sanasachd, margaideachd agus dàimhean poblach;
- cunntasan agus clàran;
- rianachd air fiosrachadh agus air stòr-dàta;
- stiùireadh togalaich is talmhainn;
- maidseadh data;
- bacadh eucoir agus adhartachadh casaidean nan ciontach.

A' cleachdadh na làraich-lìn againn

Bidh an SPCB a' cleachdadh bhriosgaidean gus fiosrachadh a thional mu mar a tha luchd-tadhail ag ùisneachadh na làraich-lìn againn air chor 's gum faod sinn an làrach-lìn a leasachadh, tro bhith a' lìbhrigeadh dhuilleagan nas luaithe no a' cuimhneachadh roghainnean an luchd-cleachdaidh. A bharrachd air sin, bidh bhidiothan air an làrach-lìn a' cleachdadh bhriosgaidean a chaidh a chruthachadh le treas-phàrtaidhean, leithid Flash no YouTube.

Bidh am fiosrachadh a chleachdas sinn neo-ainmeach – chan urrainear a chleachdadh gus d' aithneachadh gu pearsanta. Airson tuilleadh fiosrachaidh air an dòigh anns am bi sinn a' cleachdadh bhriosgaidean agus mar a dh'fhaodas tu am brabhsair agad a chur air dòigh gus smachd a chumail air briosgaidean, feuch gun toir thu sùil air a' phoileasaidh againn air Briosgaidean air an làrach-lìn againn, no faighnich dhinn.

Do chòraichean

Tha Riaghladh Coitchean air Dìon Dàta (an GDPR) a' mineachadh nan còraichean aig daoine fa leth a thaobh an fhiosrachaidh phearsanta a thathar a' cumail orra le rianadairean dàta. Tha na còraichean seo air an liostadh shìos, ach a thaobh am bi e comasach dhut gach tè de na còraichean seo a chleachdadh, dh'fhaodadh sin a bhith a rèir an adhbhair a tha rianadair an dàta a' giullachd an dàta agus a rèir a' bhuinn laghail air a bheil an giullachd a' tachairt.

Cothrom air an fhiosrachadh agad

Tha còir agad iarrtas a chur a-steach airson lethbhreac fhaighinn den fhiosrachadh phearsanta mu do dheidhinn a tha sinn a' cumail. Airson tuilleadh fiosrachaidh, faic am Poileasaidh againn air Iarrtas air Cothrom bho Chùisear Dàta, no faighnich dhinn.

A' ceartachadh an fhiosrachaidh agad

Tha sinn airson a dhèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh phearsanta agad mion-cheart, coileanta agus làithreach. Faodaidh tu iarraidh oirnn fiosrachadh phearsanta sam bith mu do dheidhinn a cheartachadh far nach eil thu a' creidsinn gu bheil e a' coileanadh nan inbhean seo.

Dubhadh às don fhiosrachadh agad

Tha còir agad iarrtas a dhèanamh dhinn fiosrachadh phearsanta mu do dheidhinn a dhubhadh às:

- far a bheil thu den bheachd nach bi tuilleadh feum againn air an fhiosrachadh airson nan adhbharan a thugadh dhuinn e;
- far a bheil sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh le do chead agus tha thu air do chead a tharraing air ais—faic an earrann 'A' tarraing air ais cead airson am fiosrachadh agad a chleachdadh';
- far a bheil thu air gearan dligheach a dhèanamh mu dheidhinn cleachdadh an fhiosrachaidh phearsanta agad—faic an earrann 'Gearanan air mar a dh'fhaodas sinn am fiosrachadh agad a chleachdadh';
- far a bheil ar cleachdadh an fhiosrachaidh agad an aghaidh an lagha no an aghaidh nan dleastanasan laghail eile a tha oirnn.

Gearanan air mar a dh'fhaodas sinn am fiosrachadh agad a chleachdadh

Tha còir agad aig àm sam bith a ràdh gum feum sinn sgar de bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh phearsanta agad airson adhbharan margaideachd dhìreach. A bharrachd air sin, far a bheil sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh phearsanta agad gus gnìomhan a choileanadh airson leas a' phobaill, ma dh'iarras tu oirnn, sguiridh sinn de chleachdadh an fhiosrachaidh phearsanta mura bheil leas ann, a tha os cionn a h-uile nì, a tha a' ciallachadh gum bu chòir dhuinn leantainn oirnn.

A' cuingealachadh mar a dh'fhaodas sinn am fiosrachadh agad a chleachdadh

Ann an cuid a shuidheachaidhean, faodaidh tu iarraidh oirnn a chuingealachadh mar a chleachdas sinn am fiosrachadh pearsanta agad. Dh'fhaodadh gum buin a' chòir seo ri, mar eisimpleir, cùisean far a bheil sinn a' dearbhadh cruinneas an fhiosrachaidh phearsanta a tha sinn a' cumail ort no far a bheil sinn a' measadh dligheachas gearain sam bith a rinn thu mu dheidhinn mar a chleachd sinn am fiosrachadh agad.

Dh'fhaodadh gum buin a' chòir seo ri cùisean far nach eil adhbhar ann tuilleadh airson am fiosrachadh pearsanta agad a chleachdadh ach chan eil thu airson gun dubhadh sinn an dàta às. Far a chleachdar a' chòir seo gu dligheach, faodaidh sinn am fiosrachadh pearsanta agad a tha buntainneach a chleachdadh a-mhàin le do chead, airson tagraidhean laghail no far a bheil adhbharan eile ceangailte ri leas a' phobaill.

Giullachd fèin-obrachail

Ma chleachdas sinn am fiosrachadh pearsanta agad air stèidh fèin-obrachail gus co-dhùnidhean a dhèanamh a bheir buaidh ort gu ìre mhòr, tha còir agad iarraidh oirnn gun tèid an co-dhùnadh ath-sgrùdadh le neach air am faod thu ìmpidh a chur agus tagradh a dhèanamh an aghaidh a' cho-dhùnidh. Tha a' chòir seo buntainneach a-mhàin far a bheil sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh agad gun do chead no mar phàirt de dhàimh chunradail leat.

A' tarraing air ais cead airson am fiosrachadh agad a chleachdadh

Far a bheil sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh phearsanta agad le do chead, faodaidh tu an cead sin a tharraing air ais aig àm sam bith agus sguiridh sinn de chleachdadh an fhiosrachaidh phearsanta agad airson an adhbhair no airson nan adhbharan a thugadh an cead.

Feuch gun cuir thu fios thugainn ma tha thu ag iarraidh gin de na còraichean seo a chleachdadh.

Bidh brathan prìobhaideachd fa leth a' toirt fiosrachaidh air gnìomhan giullachd sònraichte. Gus tuilleadh fhaighinn a-mach mu dheidhinn seo, feuch gun toir thu sùil air an làrach-lìn againn, no cuir fios thugainn.

Aithrisean sònraichte air prìobhaideachd

Anns na h-aithrisean prìobhaideachd a tha sinn a' foillseachadh fo na cinn-cuspair a leanas, bidh mion-fhiosrachadh air mar a tha sinn a' làimhseachadh dàta pearsanta a thaobh gach gin de na dleastanasan agus gnìomhan againn:

- a' tadhal air a' Phàrlamaid agus a' cur fios thugainn (Beurla);
- tachartasan agus taisbeanaidhean (Beurla);
- a' cleachdadh na làraich-lìn againn agus mar a chleachdas sinne na meadhanan sòisealta (Beurla);
- iarrtasan gus an dearbh-aithne corpora againn a chleachdadh (Beurla);
- rannsachadh (Beurla);
- slàinte agus sàbhailteachd (Beurla);
- gnothaichean pàrlamaideach – coitcheann (Beurla);
- gnothaichean pàrlamaideach – athchuingean (Beurla);
- gnothaichean pàrlamaideach – comataidhean (Beurla);
- gnothaichean pàrlamaideach – bilean prìobhaideach (Beurla);
- a' cuideachadh Buill Pàrlamaid na h-Alba (Beurla);
- dìon dàta agus saorsa an fhiosrachaidh (Beurla);
- gearanan (Beurla);
- na meadhanan agus craoladh (Beurla);
- fastadh (Beurla);

- fiosrachadh mu dheidhinn luchd-tadhail bho thaobh a-muigh (Beurla);
- cunnradairean, solaraichean agus luchd-ceannaich (Beurla).

Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002

Tha Pàrlamaid na h-Alba a' tighinn fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. Fon Achd, feumaidh sinn fiosrachadh fhoillseachadh don neach-iarraidh mura bheil saoradh ann a tha a' toirt cead dhuinn am fiosrachadh a chumail air ais. Tha seo a' gabhail a-steach an dàta pearsanta a tha sinn a' cumail. Ma tha an t-iarrtas a' còmhachadh dàta pearsanta, feumar beachdachadh air leas a' chùiseir dàta, ach aig deireadh an latha dh'fhaodadh gum feum sinn, fon lagh, am fiosrachadh a leigeil ma sgaoil don neach a rinn an t-iarrtas.

Airson tuilleadh fiosrachaidh air Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002, feuch gun tadhail thu air làrach-lìn Oifis Coimiseanair Fiosrachaidh na h-Alba (www.itspublicknowledge.info).

Atharrachaidhean ris an aithris air prìobhaideachd againn

Bidh sinn a' cumail na h-aithris air prìobhaideachd seo fo bhreithneachadh cunbhalach agus cuiridh sinn ath-ùrachadh sam bith air an làrach-lìn againn. Gheibhear lethbhreacan ann an cruthan eile le bhith a' cur fios thugainn.

Chaidh an aithris air prìobhaideachd seo ath-ùrachadh air 10 Cèitean 2018.

Fiosrachadh conaltraidh

Ma tha ceistean sam bith agad air mar a tha sinn a' giullachd dàta pearsanta, no air mar a chleachdas tu na còraichean agad, feuch gun cuir thu fios gu Ceannard Riaghladh an Fhiosrachaidh.

Seòladh: Pàrlamaid na h-Alba, Dùn Èideann, EH99 1SP

Fòn: 0131 348 6913

Tha conaltradh Text Relay dì-beathte agus tha conaltradh ann an Cànan Soidhnidh Bhreatainn tro contactscotland-bsl.org dì-beathte cuideachd.

Post-d: dataprotection@parliament.scot

Gearanan

Is e ar n-amas gum faigh sinn fhèin fuasgladh ri gearanan air mar a làimhsich sinn fiosrachadh pearsanta, ach tha còir agad cuideachd gearan a chur gu Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh:

Air-loidhne: **<https://ico.org.uk/global/contact-us/email/>**

Fòn: 0303 123 1113

Seòladh: Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh, Taigh Wycliffe, Water Lane, Wilmslow, SK9 5AF